

Barganachadh 1706

Chaidh am **barganachadh** eadar **coimiseanairean** Shasainn agus Alba a dhèanamah aig a' Chockpit, fear de thogalaichean an **riaghaltais** ann an Whitehall, Lunnainn.

Cha do rinn na coimiseanairean am
barganachadh aghaidh ri aghaidh,
ach ann an rumannan air leth.

Bhiodh iad a' cur nam molaidhean aca gu chèile ann an sgrìobhadh. Bha **casg** air naidheachdan tighinn a-mach bhuapa cuideachd.

Thòisich gnothaichean 22 Giblean 1706, nuair a thug Cowper, Morair-gleidhidh an t-Seula Mhòir, am moladh seo do na h-Albannaich:

gum biodh **rioghachd** Shasainn agus **rioghachd** Alba air an **aonadh** gu bràth ann an aon **rioghachd** air am biodh an t-ainm Breatainn

gum biodh Rioghachd Aonaichte Bhreatainn air a riochdachadh leis an aon **phàrlamaid**

gum biodh **còir leantalachd** crùn Bhreatainn air a shuidheachadh air Taigh Hanobhair.



Cowper, Morair-gleidhidh
an t-Seula Mhòir



Suaicheantas
Taigh Hanobhair

